

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

## le Ruairidh MacIlleathain

### An t-Urr. Dòmhnall MacCaluim (2)

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 771. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 467 corresponds to Litir 771.*

Bha mi ag innse dhuibh mun Urramach Dòmhnall MacCaluim a sheas **an guailibh** nan croitearan aig àm strì an fhearainn. Nuair a bha e na mhinistear òg ann am Morbhairne agus ann an Àrasaig, chàin e gu làidir droch riaghladh nan uachdaran. Bhruidhinn e mu ‘thràilleachd dhòrainneach’ a bha a’ bualadh air sluagh na Gàidhealtachd. Agus riochdaich e croitearan Àrasaig aig coinneamh de Choimisean Napier.

Ach, ’s ann nuair a ghluais e gu Hàlainn ann a’ Bhatairnis anns an Eilean Sgitheanach a dh’fhàs e iomraiteach no, ann am beachd cuid, droch-chliùiteach. Bha an coitheanal aige air an t-Sàbaid gu math beag oir bha esan ann an Eaglais na h-Alba. Bha a’ mhòr-chuid de mhuinntir na sgìre air a dhol a-null don Eaglais Shaoir aig àm a’ Bhreisidh.

Tron t-seachdain, ge-tà, bhiodh na h-uimhir a’ tighinn a dh’èisteachd ris, agus e a’ toirt òraidean air olc siostam na h-uachdranachd. Anns a’ Chèitean ochd ceud deug, ochdad ’s a ceithir (1884), bhruidhinn e air beulaibh coinneamh mhòr de chroitearan aig Beul Atha nan Trì Allt. Bha Màiri Mhòr nan Òran an làthair, agus mhol i MacCaluim na bàrdachd.

‘Buinidh am fearann dhuinn,’ thuirt MacCaluim, ‘mar a bhuineas an èadhar, solas na grèine agus uisge dhuinn **mar phàirt dhen dùthchas againn**. Chan urrainn do mhac-an-duine a bhith beò às aonais pìos fearainn. Chan urrainn dhuinn a dhol suas leis na h-eòin airson fuireach air taobh thall nan sgòthan. Chan urrainn dhuinn a dhol gu grunn a’ chuain agus a bhith a’ fuireach cuide ris na mucan-mara. Agus, eadhon nam b’ urrainn dhuinn, chanadh na h-uachdarain gur ann leothasan a bha sinn, anns an dearbh dhòigh ’s a bheil iad ag ràdh gur ann leothasan a tha na h-eòin agus na h-èisg...’

Bha òraidean MhicCaluim gu tric ann am Beurla, ach le abairtean Gàidhlig air am filleadh a-steach. Bhruidhinn e gu mòr mu obair Dhè agus ’s e sealladh Crìosdail a bha e a’ toirt seachad. Cha robh luchd-stiùiridh na h-Eaglaise toilichte leis, ge-tà. Chronaich a’ Chlèir gu dubh e airson, thuirt iad, na croitearan a bhrosnachadh gu fòirneart agus gu gràin an aghaidh nan uachdaran. Ach lean MacCaluim air agus thàinig na poilis don mhansa aige. Chuir e seachad deireadh-sheachdain ann an cealla-poilis ann am Port Rìgh.

Ann am pàipear a chaidh a libhrigeadh aig co-labhairt ann an Leòdhas o chionn bliadhna gu leth, rinn an t-Oll. Dòmhnall Meek coimeas inntinneach eadar suidheachadh MhicCaluim agus ‘diadhachd na saorsa’ a dh’èirich ann an Ameireagaidh Laidinneach bho na seachdadan a-mach anns an linn a dh’fhalbh.

Bha sagartan ann an dùthchannan eadar Peru is El Salvador a’ dìon an t-sluaigh a bha a’ fulang bochdainn. Bha iad a’ cleachdadh nan sgrìobtaran airson ‘dearbhadh’ gun robh iad a’ dèanamh toil Dhè. Ach chàin àrd-urrachan na h-Eaglaise gu dubh iad. Am measg nan àrd-urrachan sin, bha an Càrdanal Iosaph Ratzinger a dh’èirich gu bhith na Phàp. Tha Meek ag

ràdh gun do dhèilig Clèir an Eilein Sgitheanaich de dh'Eaglais na h-Alba ri Dòmhnall MacCaluim ann an dòigh car coltach.

Ghluais MacCaluim gu coitheanal ùr ann an Eaglais na Mòintich ann an Tiriodh, àite ris an canar Heylipol ann am Beurla. Cha robh e ann fada ach chuir muinntir an eilein carragh-cuimhne an-àirde dha. Bidh eachdraidh-beatha a' ghaisgich seo a' leantainn an-ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Morbhairne: *Morvern*; Àrasaig: *Arisaig*; Hàlainn: *Hallin*; Bhatairnis: *Vaternish*; toil Dhè: *the will of God*; àrd-urrachan: *leaders*; eachdraidh-beatha: *biography*.  
**Abairtean na Litreach:** àm strì an fhearainn: *the time of the land struggle*; chàin e gu làidir droch riaghladh nan uachdaran: *he strongly criticized the landlord's misgovernment [of their estates]*; tràilleachd dhòrainneach: *miserable slavery*; iomraiteach no, ann am beachd cuid, droch-chliùiteach: *renowned or, in the opinion of some, infamous*; aig àm a' Bhrisidh: *at the time of the Disruption*; bhiodh na h-uimhir a' tighinn a dh'èisteachd ris: *a lot of people would come to listen to him*; olc siostam na h-uachdranachd: *the evil[s] of landlordism*; coinneamh mhòr de croitearan aig Beul Atha nan Trì Allt: *a great meeting of crofters at the Fairy Bridge*; chan urrainn dhuinn a dhol gu grunn d a' chuain agus a bhith a' fuireach cuide ris na mucan-mara: *we can't go down to the bottom of the sea and live with the whales*; chanadh na h-uachdarain gur ann leothasan a bha sinn: *the lairds would claim us as their property*; le abairtean Gàidhlig air am filleadh a-steach: *with Gaelic phrases intertwined*; 's e sealladh Crìosdail a bha e a' toirt seachad: *it's a Christian viewpoint that he was getting over*; chronaich a' Chlèir gu dubh e: *the Presbytery severely censured him*; na croitearan a bhrosnachadh gu fòirneart agus gu gràin an aghaidh nan uachdaran: *inciting the crofters to violence and to hatred of the landlords*; a chaidh a libhrigeadh: *that was delivered*; coimeasinntinneach eadar suidheachadh MhicCaluim agus 'diadhachd na saorsa' a dh'èirich ann an Ameireagaidh Laidinneach: *an interesting comparison between MacCallum's situation and the 'liberation theology' that arose in Latin America*; bha sagartan a' dìon an t-sluaigh a bha a' fulang bochdainn: *priests were defending the people who were suffering poverty*; chuir muinntir an eilein carragh-cuimhne an-àirde dha: *the islanders erected a memorial to him*.  
**Puing-chànain na Litreach:** mar a bhuineas an èadhar, solas na grèine agus uisge dhuinn mar phàirt dhen dùthchas againn: *I used this as a translation of what MacCallum delivered in English as 'as the air, the light of the sun and water belong to us as our birth-right'. We might give 'còir-bhreith' as the Gaelic for 'birthright' but there is a Gaelic concept of 'dùthchas' that takes in hereditary right and is difficult to translate into English. It is a powerful word and says a lot about our cultural heritage*.  
**Gnàthas-cainnt na Litreach:** a sheas an **guailibh** nan croitearan: *who stood shoulder-to-shoulder with the crofters*.

*Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA*